

MA27: Latha Trang

A Busy Day

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ÌRE: **Meadhanach-Àrd**
CUSPAIR: **Latha Trang**
PUINGEAN CÀNAIN: **"Cuir" agus taghadh de roimhearan**

ANGELA:

Tha mòran choigreach air tighinn a dh'fhuireach dhan bhaile againne bho chionn bliadhna no dhà. Tha iad a' cur ri àireamh an t-sluaigh agus tha sinn a' cur fàilte chridheil orra. Tha sinn a' cur eòlas air a' mhòr-chuid dhiubh ann an ùine ghoirid. Choinnich mi ri fear aca, Tònaidh, sa bhùth an latha roimhe. Bha prìs a' pheatrail sna h-eileanan a' cur uabhas air agus bha e a' cur às a chorp mu rud no dhà eile cuideachd. Bha e a' cur iongnadh air gu bheil am peatrail gu math nas saoire anns an Eilean Sgitheanach na tha e ann an Uibhist. Bidh sin a' cur na feirge orm fhèin cuideachd agus bidh mi a' cur taic ri iomairtean airson peatrail nas saoire fhaighinn.

Bha Tònaidh a' cur air dòigh artaigil dhan phàipear mu dheidhinn na cùise agus bha e a' cur ri chèile na b' urrainn dha faighinn de dh'fhiosrachadh. Gheall mi gun cuidichinn e a' cur an òrdugh an fhiosrachaidh agus gheall e tadhal am feasgar sin fhèin.

Cha robh sinn ach riaslach nuair a nochd Tònaidh feasgar. Ged a bha mi a' cur sgoinn orm sa bhùth cha robh mi ach a' cur dhìom mo sheacaid nuair a ghnog Tònaidh aig an doras am feasgar sin. Bha na naidheachdan air an rèidio - daoine thall 's a-bhos a' cur às dha chèile. Bha Sileas a' cur thuige an teine. Bha am peantair a' cur dreach ùr air an t-seòmar-shuidhe againn agus bha an cù againn a' cur a-mach a theanga leis a' phathadh.

LEVEL: **Intermediate-Advanced**
TOPIC: **A Busy Day**
LANGUAGE POINTS: **The Verb "cuir" with various prepositions**

ANGELA:

A lot of incomers have come to live in our village in the last year or two. They have increased the population and we welcome them wholeheartedly. We get to know most of them in a very short time. I met one of them, Tony, in the shop the other day. He was horrified by the price of petrol in the islands and he was getting worked up about a couple of other things too. He was surprised that petrol is a lot cheaper on the Isle of Skye than it is on Uist. That really annoys me too and I support campaigns for cheaper petrol.

Tony was preparing an article about the situation for the newspaper and he was compiling as much information as he could. I promised him that I would help him to organise the information and he promised to visit me that afternoon.

We were all in a muddle when Tony arrived that afternoon. Although I had been well-organised in the shop I had just taken off my jacket when Tony knocked on the door that afternoon. The news was on the radio - people here and there doing away with each other. Sheila was lighting the fire. The painter was redecorating our sitting room and our dog's tongue was lolling out with thirst.

MA27: Latha Trang

A Busy Day

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ANGELA:

Coma leat. Cha robh an ùpraid a' cur dragh sam bith air Tònaidh còir. Shuidh e sìos, agus ann an ceann diog no dhà bha e a' cur peann ri pàipear. Bha mise a' cur air a' choire fhad 's a bha e a' cur a chuid smuaintean an cèill.

Cò nochd ach an tè bheag againn, Anna, agus i a' cur uimpe airson a dhol gu clas oidhche lùth-chleasan san sgoil. Bha ise a' cur an taighe às a' chèile a' coimhead airson nam brògan-spòrs aice. Cha mhòr nach canadh tu gu bheil an tidsear spòrs aig Anna a' cur às do chuideigin a h-uile seachdain mura h-eil na brògan ceart aca. Tha sinne a' cur fortan ann am brògan spòrs dhan chloinn! Co-dhiù, 's ann air a bràthair a bha Anna a' cur na coire an turas seo. Bha esan glè thaingeil nuair a chunnaic e gun robh na brògan fo bhòrd a' chidsin!

Cò thàinig a-steach an uair sin ach Cailean Dubh. Bha esan a' cur roth ùr air a' bhaidhsagail. Tha Cailean againne a' cosg fortan air a' bhaidhsagail a h-uile mìos. Bidh e ga thoirt leis dhan sgoil agus a' cur an ìre dhuinne gu bheil e nas saoire na bus na sgoile.

Cò nochd an uair sin ach Ealasaid. Tha pònaidh beag aig Ealasaid agus tha i a' cur airgead gun chiall ann am biadh dha. Is toil leis an nighinn bhig aice, Caitlin, a bhith a' marcachd agus bidh i a' ceannach aodach leòmach anns na bùthan.

Thug mi fhìn sùil air Tònaidh. Bha e a' cur ainm ris an litir agus mise gun aon fhacal a chur rithe. Peatrail, brògan, baidhsagail agus eich ... Tha gach cuid dhiubh a' cur mo cheann na bhrochan!

ANGELA:

Never mind. The uproar didn't bother poor Tony. He sat down, and with a few seconds, he had put pen to paper. I put on the kettle while he put his thoughts in order.

Who appeared then, but our little daughter, Anna, who was getting ready to go to an evening athletics class in school. She was turning the house upside down looking for one of her training shoes. You could almost say that Anna's PE teacher annihilates someone every week for not having the proper shoes. We spend a fortune on training shoes for the children! Anyway, Anna was blaming her brother this time. He was extremely relieved when he saw the shoes under the kitchen table!

Who came in then, but Cailean Dubh (black-haired Colin) He was putting a new wheel on his bicycle. Our Colin spends a fortune on the bicycle every month. He takes it with him to school and pretends to us that it's cheaper than the school bus.

Who appeared then, but Elizabeth. Elizabeth has a little pony and she spends a ridiculous amount on food for it. Her little daughter, Caitlin, enjoys riding and she buys fancy clothing in the shops.

I glanced over at Tony. He was signing the letter and I hadn't even contributed one word to it. Petrol, shoes, bicycles and horses ... They've all put my head in a muddle.